

FRÈAM CÀNAIN

Ro-ràdh

Chaidh *Frèam Cànain* a dhealbh gus structar a thoirt do ionnsachadh na Gàidhlig le sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig nach eil i mar chiad chànan. Tha e a' gabhail a-steach gach ìre o sgoil-àraich gu àrd-sgoil. Chaidh ullachadh air iarrtas, agus le taic, thidsearan bun-sgoile is àrd-sgoile.

* * *

'S e gnè de 'fhoghlam bogaidh' a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha am modh-teagaisg seo air a chur gu feum le iomadh cànan air feadh an t-saoghail agus tha eòlaichean ag aontachadh gur e dòigh anabarrach soirbheachail a tha ann air comas conaltraidh a thoirt air adhart ann an cànan. Tha iad cuideachd ag aideachadh, ge-tà, gu bheil luchd-ionnsachaidh a tha a' togail cànain san dòigh seo buailteach mearachdan bunaiteach a dhèanamh ann an gràmar.

'S e am prìomh adhbhar airson sin gu bheil barrachd cuideam ga chur ann am foghlam bogaidh air *dè* a tha ga ràdh (no ga sgrìobhadh) seach air *ciamar* a tha sin air a dhèanamh, 's e sin, air susbaint seach air cruth a' cànain. Ann an seadh, tha sgoilearan a' 'togail' a' cànain, tro bhith ga cleachdadh, seach i bhith air a 'teagasg' dhaibh.

'S e sin a tha a' fàgail na dòigh-teagaisg seo cho èifeachdach is, air sgàth sin, chan eil eòlaichean a' moladh gun tèid atharrachadh mòr a dhèanamh oirre. An àite sin, tha iad a' moladh leasachadh air a bheil 'Cuideam air Cruth' ('Focus on Form'), far a bheil aire sgoilearan ga tharraing gu 'pàtrain' sa chainnt a tha iad a' cleachdadh is a' cluinntinn.

Tha am Frèam Cànain air prìomh phàtrain na Gàidhlig a roinn ann am bannan, stèidhte air Curraicealam airson Sàr-mhathais, le moladh gun tèid dèiligeadh riutha anns an òrdugh sin. Tha dùil gun cuir tidsearan an òrdugh fhèin orra taobh a-staigh nam bannan sin, a rèir obair a' chlas agus feuman nan sgoilearan. Tha cuid de na pàtrain gu feumar tilleadh, 's dòcha uair is uair (me, na tha a' tighinn fo 'Ath-obair').

Tha am frèam ann an trì colbhan:

- a) gnìomhan is builean (Tràth ìre gu Dàrna ìre) no roinnean cànain (Treas, Ceathramh ìre)
- b) eisimpleirean de na pàtrain cànain a tha a' dol leis gach gnìomh no roinn
- c) iomradh air far am faighear fiosrachadh mu gach pàtran air làrach-lìn *Mìrean* agus (Treas, Ceathramh ìre) ann an *Gràmar na Gàidhlig*.

FRÈAM CÀNAIN – AN TRÀTH ÌRE		
Gnìomh: Ag innse ... Buil: 'S urrainn dhomh innse ...	Eisimpleir	Mìrean
... cò ris a tha rud coltach	Tha/a bheil/chan eil/nach eil. Tha iad mòr/beag.	Rudan a tha a' tachairt aig an àm seo
... dè tha a' tachairt	Tha mi a' dèanamh dealbh. Tha e a' lìonadh a' bhogsa. Tha mi gad fhaicinn.	Rudan a tha a' tachairt aig an àm seo
... dè tha ann an rud no neach	'S e, an e, chan e, nach e. 'S e cupa a tha ann. 'S e lain an caiptean. 'S e tidsear a tha ann an Anna.	Ag innse dè tha ann an rud no neach
... dè thachair	Chuir, an do chuir, cha do chuir. An do dh'ith thu do bhiadh? Fhuair, rinn, thuirt, chaidh, thug ...	Ag innse mu rudan a thachair ron a seo
... mar a bha rudan ron a seo	Bha, an robh, cha robh, nach robh. Bha mi sgìth. Bha iad a' seinn.	Ag innse mu rudan a thachair ron a seo
... càit a bheil rudan no daoine	Air bòrd, fo bhòrd. Air a' bhòrd, fon deasg, air an t-sòfa, aig an fhèis, ris a' bhalach, dhan chù. Air cùl, am meadhan, airson. Ri taobh an dorais, air cùl a' bhalla. Ri do thaobh, air mo chùlaibh.	Far a bheil rudan
... cò leis rud	Tha dà phiuthar agam. An leabhar agam. Mo dhadaidh, do làmh. 'S ann leamsa a tha sin.	A' bruidhinn gu pearsanta
... dè tha mi a' faireachdainn	Tha an t-eagal orm. Is beag orm. Tha cuimhne agam air ... Is aithne dhomh. Is toigh leam.	Far a bheil rudan Gnàthasan-cainnte

FRÈAM CÀNAIN – A’ CHIAD ÌRE		
Gnìomh: Ag innse ... Buil: 'S urrainn dhomh innse ...	Eisimpleir	Mìrean
... mu dheidhinn rudan	Am bòrd, a’ bhùth, an t-òrd, na cait. A’ sliobadh a’ chait, putan na seacaid, bhan nan leabhraichean.	Rudan
... cò ris tha rudan no daoine coltach	Cat dubh, piseag gheal. Droch dhuine, a h-uile latha. Tha sin nas fheàrr na seo. 'S e am bòrd beag as fheàrr. Cho luath ri cù. Ro theth.	Ag innse cò ris a tha neach no rud coltach
... mu rudan a tha a’ tachairt tric	Bidh mi a’ cluich ball-coise tric.	Rud a’ tachairt aig an àm seo
... càit a bheil rudan no daoine	Ri do thaobh, air mo chùlaibh.	Far a bheil rudan
... mu rudan no daoine	Dhomh, riut, leat, thugam, agam ... Faisg orm, còmhla rithe.	Far a bheil rudan
... dè tha ann an rud no neach	'S e tidsear a tha annam/annad ...	Ag innse dè tha ann an rud no neach
... dè dh’fhaodas no dh’fheumas cuideigin a dhèanamh	Faodaidh tu falbh. An urrainn dhut sin a dhèanamh?	Rudan as urrainn dhut a dhèanamh
... dè tha mi an dùil a dhèanamh	Tha mi a’ dol a dh’fhalbh. Tha mi a’ dol a dhèanamh dealbh.	Rud a thachras às dèidh seo
... mun cheangal eadar rudan	An e sin am peansail a chaill thu? Ma tha thu deiseil, faodaidh tu falbh.	Cùisean a tha aon cheum a-mach
... mu rudan ann an dòigh chinnteach	'S e lain a rinn e. An ann an seo a thachair e?	A’ cur cuideam air rud

Ath-obair		
... dè tha a' tachairt	Tha mi gad fhaicinn.	Rudan a' tachairt aig an àm seo
... dè tha ann an rud no neach	'S e tidsear a tha ann an Anna.	Ag innse dè tha ann an rud no neach
... dè thachair	Chuir, fhuair, rinn, chaidh, thug ...	Rudan a thachair ron a seo
... càit a bheil rudan no daoine	Air a' bhòrd, às an t-sreath. Ri do thaobh, air mo chùlaibh.	Far a bheil rudan
... cò leis rud	An leabhar agam. Mo dhadaidh.	A' bruidhinn gu pearsanta
Leudachadh		
... mar tha rud air a dhèanamh	Tric, an seo, a-muigh, gu mall, an-diugh ...	–
Is urrainn dhomh ceistean fhaighneachd	Cò, dè, cuin, carson, ciamar; càit. Cò ris a tha thu a' bruidhinn? Dè cho luath 's a ruitheas tu? Dè an cuideam a tha annad? Inns dhomh cò rinn sin. Inns cò ris a bha thu a' bruidhinn. Inns dhomh càit an robh thu.	–
Is urrainn dhomh iarraidh air daoine rud a dhèanamh	Bi, bithibh. Sguir, sguiribh. Na can guth.	–
Is urrainn dhomh gairm air neach.	A Dhòmhnail, a Mhàiri.	–

FRÈAM CÀNAIN – AN DÀRNA ÌRE		
Gnìomh: Ag innse ... Buil: 'S urrainn dhomh innse ...	Eisimpleir	Mìrean
... dè tha a' dol a thachairt	Bidh, am bi, cha bhi, nach bi, a bhios. Cuiridh, an cuir, cha chuir, a chuireas Gheibh, canaidh, nì, thèid ...	Rudan a thachras às dèidh seo
... dè dh'fhaodas no dh'fheumas cuideigin a dhèanamh	Feumaidh tu a dhèanamh a-rithist. Bu chòir dhut an cuideachadh.	Rudan as urrainn dhut a dhèanamh
... dè tha thu an dùil a dhèanamh	Tha mi a' dol gan cuideachadh. Tha mi a' tighinn gad fhaicinn.	Rudan a thachras às dèidh seo
... mun cheangal eadar rudan a tha a' tachairt	Ma bhios, nuair a, on a, fhad 's a ... Thig nuair a bhios tu deiseil. Mas e sin a tha thu ag iarraidh ...	Cùisean a tha aon cheum a-mach
... mun cheangal eadar rudan	Am fear leis a bheil an leabhar. Sin am fear nach do rinn mi.	Cùisean a tha aon cheum a-mach
... dè tha neach a' smaoinichadh no a' ràdh	A' ràdh gu bheil/gun robh/gum bi. Thuirt e gun do rinn e e/gun deach. A' smaoinichadh gur e/ gur ann.	Cùisean a tha aon cheum a-mach
... dè thachair do neach/rud	Chaidh am balach a leòn. Chaidh mo leòn.	Rud a bhith air a dhèanamh air rud no neach
... mu rudan a bha a' tachairt uaireigin	Bhiodh sinn a' dol an sin tric. Bhithinn a' dol ann tric.	Rudan a thachair ron a seo
... mu rudan a bhios no a bha a' tachairt tric	'S toigh leam a bhith a' peantadh. Chleachd mi a bhith a' dol gu snàmh.	Rudan a tha a' tachairt aig an àm seo
'S urrainn dhomh gnàthasan-cainnte a chleachdadh	<i>air:</i> thug iad orm <i>gu:</i> gam chur thuige <i>ro:</i> chuir mi romham	Gnàthasan-cainnte

Ath-obair		
... dè tha a' tachairt	Tha mi gad fhaicinn.	Rudan a' tachairt aig an àm seo
... dè tha ann an rud no neach	'S e tidsear a tha ann an Anna. 'S e tidsear a tha annam/annad ...	Ag innse dè tha ann an rud no neach
... dè thachair	Chuir, an do chuir, cha do chuir. Fhuair, rinn, thuir, chaidh, thug ...	Ag innse mu rudan a thachair ron a seo
... càit a bheil rudan no daoine	Air a' bhòrd, air an t-sèithear. Ri do thaobh, air mo chùlaibh.	Far a bheil rudan
... mu dheidhinn rudan	A' sliobadh a' chait, nead na feòraig.	Rudan
... mu rudan no daoine	Dhomh, riut, leat, thugam, agam ...	Far a bheil rudan
... dè dh'fhaodas no dh'fheumas cuideigin a dhèanamh	Chan urrainn dhomh sin a dhèanamh. Feumaidh tu a dhèanamh a-rithist.	Rudan as urrainn dhut a dhèanamh
... dè tha thu an dùil a dhèanamh	Tha mi a' dol a dhèanamh dealbh.	Rudan a thachras às dèidh seo

FRÈAM CÀNAIN – AN TREAS ÌRE

Cànan	Eisimpleir	Mìrean (M) / Gràmar na Gàidhlig (G)
Gnìomhairean (a) Is	'S e tidsear a tha innte. 'S e Frangaich a tha annta.	M: Ag innse dè tha ann an rud no neach G: td 94
	'S e Iain a sgrìobh sin. 'S ann an sin a thachair e.	M: A' cur cuideam air rud G: td 92
	Tha e ràdh gur e/nach e. Tha e ràdh gur ann/ nach ann.	M: Rudan a tha aon cheum a-mach G: td 91
	Bu: Bha i na b' fheàrr an-dè. Bu: 'S dòcha gum b' ann.	M: Rudan a thachair ron a seo G: td 91
Gnìomhairean (b) Tràth seachad	Dh'òl, dh'fhalaich, an do dh'òl ... Rinn, thuirt, an deach, an tug ... Thuirt e gun do dhràibh/gun deach ...	M: Rudan a thachair ron a seo G: td 104, 110 M: Rudan a tha aon cheum a-mach. G: td 100
Gnìomhairean (c) Tràth teachdail	Cuiridh, an cuir, ma chuireas. Nì, canaidh, thèid, bheir, an tig ... Thuirt e gun cuir/gun dèan ...	M: Rudan a thachras às dèidh seo G: td 104, 110 M: Rudan a tha aon cheum a-mach G: td 100
Gnìomhairean (d) Tràth seachad-ghnàthach	Bhiodh sinn a' dol an sin a h-uile samhradh.	M: Rudan a thachair ron a seo G: td 109
Gnìomhairean (e) Tha + na	Tha e na thidsear ann an Ìle. Tha mi nam ruith / na mo dhùisg.	M: Ag innse dè tha ann an rud no neach G: 96 M: Rudan a tha a' tachairt G: 120

FRÈAM CÀNAIN – AN TREAS ÌRE		
Cànan	Eisimpleir	Mìrean (M) / Gràmar na Gàidhlig (G)
Roimhearan sìmplidh	Air an t-sòfa, às a’ bhùth, dhan bhus.	M: Ag innse far a bheil rudan G: td 28, 70
	Rid athair, len leabhraichean.	
Riochdairean roimhearach	Dhomh, riut, leat, thugam, agam Agamsa, leis-san, riuthasan.	M: Ag innse far a bheil rudan G: td 28, 70
Roimhearan fillte	Air cùl an dorais, ri taobh na h-uinneig(e) Ri do thaobh, air mo chùlaibh.	M: Ag innse far a bheil rudan G: td 28, 82
Ainmearan is buadhairean (a) Roimhearach	Air a’ bhòrd, aig an uinneig. Air a’ bhòrd gheal, aig an uinneig bhig.	M: Rudan G: td 28
Ainmearan is buadhairean (b) Ceangailte	Earball a’ chait, sgiath na cuileig(e). Putan a’ chòta ghil, putan na seacaid ghil	M: Rudan G: td 28

FRÈAM CÀNAIN – AN CEATHRAMH ÌRE		
Cànan	Eisimpleir	Mìrean (M) / Gràmar na Gàidhlig (G)
Gnìomh-ainmearan (a) Coileanach	An urrainn dhut sin a dhèanamh? Feumaidh tu a dhèanamh a-rithist. Tha mi air an obair a dhèanamh. Tha mi air an call.	M: Rudan as urrainn dhut a dhèanamh G: td 126
Gnìomh-ainmearan (b) Rùnach	Tha mi a' dol a dhèanamh teatha. An tig mi gur cuideachadh?	M: Rudan a thachras às dèidh seo G: td 124
Gnìomh-ainmearan (c) Fulangach	Chaidh am balach a leòn. Chaidh mo leòn.	M: Rud a bhith air a dhèanamh air rud no neach G: td 132
Gnìomh-ainmearan (d) Fulangach	Tha mi air mo nàrachadh.	M: Rud a bhith air a dhèanamh air rud no neach G: td 133
Gnìomh-ainmearan (e) Coileanach	Bha an t-uisge air sgur mus tàinig mi.	M: Rudan a thachair ron a seo. G: td 129

FRÈAM CÀNAIN – AN CEATHRAMH ÌRE

Cànan	Eisimpleir	Mìrean (M) / Gràmar na Gàidhlig (G)
Clàsaichean (a) Rìochdairean dàimheach	Sin an duine a thug dhomh an leabhar. Sin an duine ris an robh mi bruidhinn.	M: Rudan a tha aon cheum a-mach G: td 102
Clàsaichean (b)	Chan eil fhios agam cò leis a tha seo. Inns dhomh càit a bheil thu.	M: Rudan a tha aon cheum a-mach G: td 102
Clàsaichean (c)	Ma chuireas tu buidhe còmhla ri dearg, gheibh thu orains. Chì mi thu nuair a thilleas tu.	M: Rudan a tha aon cheum a-mach G: td 102
Clàsaichean (d)	Dh'fhalbh e mus do ràinig sinn. Am fuirich thu gus an till mi? Sin far am bi an sgoil ùr.	M: Rudan a tha aon cheum a-mach G: td 101
Clàsaichean (e) Cùmhnantach	Nan dèanadh tu sin, bhithinn glè thoilichte. Nam biodh tu air fuireach, cha bhiodh sin air tachairt.	M: Rudan a tha aon cheum a-mach G: td 101, 107